

PLANA CORPORRA VISITSCOTLAND

2024-25

01

FACAL - TOISICH



FACAL-TOISICH



An Cathraiche
Am Fìor Urramach Viscount Thurso

An t-Àrd-oifigear
Malcolm Roughead OBE

Tha turasachd a' dèanamh feum mòr. Tha i na bunait do dh'eaconamaidh na h-Alba; tha i a' cruthachadh obraichean agus a' cur taic ri coimhearsnachdan air feadh na h-Alba.

Tha i cuideachd a' dèanamh taisbeanadh air Alba dhan t-saoghal mhòr, agus a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cur ionmhas an seilbh ann an iomadh roinn dhen eaconamaidh.

Faodaidh roinn na turasachd is roinn nan tachartasan làidir is èifeachdach buaidh a thoirt air iomadh raon is roinn agus le sin 's urrainn dhan ghnìomhachas thionnsgalach againn cur ris an amas againn – ann an dòighean follaiseach is neo-fhollaiseach – airson eaconamaidh a nì feum do mhath dhaoine.

Sa Phlana Chorporra againn airson na bliadhna ionmhais 2024/25, chithear na h-amasan ro-innleachdail a bhios againn fhad 's a bhios sinn a' coileanadh adhbhar na buidhne gus eaconamaidh an luchd-tadhail a leasachadh, agus sinn a' cur ri luach na h-eaconamaidh sin ann an Alba.

Tha seo a' tachairt aig àm nuair a tha atharraichean mòra ann, le saoghal eaconamach dùbhlannach agus suidheachadh-èiginn na gnàth-shìde gar fàgail ann an càs glè mhòr. Tha cleachdaidhean

luchd-ceannaich agus feumalachdan nan gnothachasan ann an roinnean na turasachd agus nan tachartasan air atharrachadh cuideachd, gu h-àraidh bho thachair Covid agus ann an saoghal a tha a' sìor fhàs didseatach.

Mar sin, am-bliadhna bidh sinn a' cur cuideam gu h-àraidh air ar ro-innleachd le prìomhachas air teicneòlas didseatach. Cuiridh sinn prògram airson atharraichean ro-innleachdail an sàs gus am bi sinn uidheamaichte airson an t-saoghail ùir seo agus togaidh sinn air an obair mhath a rinn sinn mu thràth ann a bhith ag atharrachadh ar dòighean-obrach gus dèanamh cinnteach gun cùm sinn oirn a' dèanamh uiread feum 's as urrainn dhuinn.

Bidh gach rud a nì sinn san ath 12 mìos mar ullachadh airson Plana Corporra trì-bliadhna, agus e mar aon de na prìomh amasan againn na dòighean-obrach againn atharrachadh le sùil ris an àm ri teachd

Cumaidh sinn oirn a' cur prìomhachas air ar daoine, agus sinn a' coimhead gu h-àraidh air comasan ar luchd-obrach agus na sgìlean a th' aca gus ar cuideachadh le bhith a' coileanadh Ro-innleachd Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh agus ro-innleachd nàiseanta na turasachd, Scotland Outlook 2030, agus Ro-innleachd Nàiseanta nan Tachartasan - Alba: Sàr Dhùthaich nan Tachartasan 2024-2035. Cha bu bheag na dùbhlain a bha ron roinn sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, ach tha ar Plana Corporra a' dearbhadh mar a tha sinn air cur romhainn am feum as fheàrr as urrainn dhuinn a dhèanamh dhen mhaoineachadh againn gus am bi àiteachan nas fheàrr ann far am faod daoine a bhith a' fuireach, ag obair agus a' tadhal. Sin turasachd chunntachail dha-rìribh, agus sinn a' dèanamh cinnteach gum bi ar gnìomhachas a' cur taic ri coimhearsnachdan làidir agus a' cuideachadh le bhith a' cur cothromachadh-carboin an sàs.

Le bhith a' cruthachadh iarrtas seasmhach am measg luchd-tadhail agus a' toirt taic do gnothachasan turasachd is thachartasan, 's urrainn dhuinn cuideachadh le bhith a' dèanamh adhartas nach beag gu ruige ar n-amas coitcheann gum bi Alba am measg nan dùthchannan as fheàrr airson turasachd san 21mh linn.

02

AR FRÉAM RO-INNLEACHDAIL





Ar n-Adhbhar

Eaconamaidh an luchd-tadhail a leasachadh, agus sinn a' cur ri luach na h-eaconamaidh sin ann an Alba.

Ar Lèirsinn

Taic a chur ri eaconamaidh an luchd-tadhail a bhios làidir is gnìomhach, gus am bi àiteachan nas fheàrr ann airson daoine a bhith a' fuireach, ag obair agus airson turas.

Ar Ceann-uidhe

Bidh sinn – tro cheannas ro-innleachdail agus com-pàirteachasan sa ghnìomhachas – a' toirt stiùir is taic do agus a' cur ri eaconamaidh an luchd-tadhail a nì farpais èifeachdach am measg mhargaidhean an t-saoghail; nithear sanasachd air na buannachdan a thig bho thurasachd is tachartasan agus sinn a' dèanamh cinnteach gum na buannachdan as motha as urrainnear ann do ar luchd-tadhail, ar gnothachasan, ar daoine, ar coimhearsnachdan agus ar n-àrainneachd.

Gus ar n-adhbhar, lèirsinn is ceann-uidhe a choileanadh, tha sinn air còig amasan bunaiteach a stèidheachadh a bheir stiùir do ar n-obair gach bliadhna.

- A' cur ris an iarrtas
- A' toirt taic do ghnòthachasan turasachd is thachartasan
- Ag obair còmhla ri ar luchd-compàirt, leithid bhuidhnean coimhearsnachd, cheann-uidhe agus roinneil
- A' toirt leasachadh air tuigse, comasan is planadh na buidhne agus air ar n-obair gus cumail ri riaghailtean is reachdas
- A' cur taic ri ar daoine agus a' cur ris na comasan aca



03

PRÒGRAM AIRSON ATHARRAICHEAN RO-INNLEACHDAIL



PRÒGRAM AIRSON ATHARRAICHEAN RO-INNLEACHDAIL



Tha sinn air cur romhainn gum bi sinn nar buidheann sàr-mhath a chuidicheas le bhith a' cruthachadh àiteachan nas fheàrr do dhaoine far am faod iad a bhith a' fuireach, ag obair agus a' tadhal.

Tha prìomh adhbhar soilleir nar Frèam Ro-innleachdail ùr – eaconamaidh an luchd-tadhail a leasachadh, agus sinn a' cur ri luach na h-eaconamaidh sin ann an Alba – agus sa bhliadhna a tha romhainn tha e na amas dhuinn beachdachadh air mar as fheàrr as urrainn dhuinn sin a choileanadh ann an saoghal an latha an-diugh.

Ann an 2024, bidh VisitScotland a' cur prògram atharraichean an sàs airson dèanamh cinnteach gum bi a' bhuidheann uidheamaichte airson an ama ri teachd leis na sgilean is goireasan a bhios a dhìth oirnn gus ar prìomh adhbhar a choileanadh. Tha sin a' ciallachadh dèanamh cinnteach gu bheil ar n-obair a thaobh margaidheachd, thachartasan is comhairle dhan ghniomhachas freagarrach airson na tha a dhìth an-dràsta agus san àm ri teachd – dh'fhaodadh sin a bhith a' ciallachadh gun tèid atharraichean a chur an sàs agus an obair sin a dhèanamh ann an dòighean ùra. Leis a' phrògram seo nithear cinnteach gum bi cruth is meud na buidhne freagarrach airson ar prìomh adhbhar a choileanadh, eaconamaidh an luchd-tadhail a leasachadh, agus sinn a' cur ri luach na h-eaconamaidh sin ann an Alba.

Am measg nam prìomhachasan a bhios aig VisitScotland tha:

- Ro-innleachd margaidheachd is fiosrachaidh a chuireas ri iarrtas ann an dòigh chunntachail airson dèanamh cinnteach gum bi cothromachadh ceart ann eadar luchd-turais is luchd-tadhail gnothachais air feadh Alba agus air feadh na bliadhna, agus mar thoradh air sin thèid barrachd a chosg ann an coimhearsnachdan ionadail.
- A' tarraing aire barrachd dhaoine gu Alba, ann am prìomh mhargaidhean is margaidhean ùra, agus sinn ag obair còmhla ri luchd-compàirt, companaidhean siubhail eadar-mheadhanach agus luchd-compàirt còmhaidhail gus cur, ann an dòigh chunntachail, ris a' chuibhreann a th' aig Alba dhen mhargaidh airson luchd-siubhail a bhios a' tighinn à dùthchannan eile.

- Barrachd obrach ga dèanamh còmhla ri luchd-compàirt roinneil is cheann-uidhe gus feum a dhèanamh de neartan sònraichte, roinneil gach àite, agus sinn a' cuideachadh le bhith a' stèidheachadh cheann-uidhe sàr-mhath is gnothachasan seasmhach a nì prothaid, agus a' leudachadh air an àireimh de chothroman turasachd is tursan ùra, matha a ghabhas gleidheadh.
- A' toirt taic do ghniomhachas nan tachartasan gus tachartasan sàr-mhath a thàladh is a stèidheachadh a bhios seasmhach, in-ghabhalach agus a mhaireas fada air chuimhne nan daoine a bhios gam frithealadh.
- A' toirt comhairle is taic seachad a chuidicheas gnothachasan turasachd is thachartasan gus lùghdachadh-carboin a chur an gnìomh agus gus prionnsapalan co-cheangailte ri turasachd chunntachail a chur an sàs.
- A' cumail oirnn a' toirt stiùir is taic do Ro-innleachd na h-Alba airson Rian air Luchd-tadhail agus planaichean ionmhais airson bun-structair aig ùghdarrasan ionadail.
- A' cur taic ri obair nan Com-pàirteachasan Eaconamach Roinneil, agus sinn a' dèanamh cinnteach gun gabhar na cothroman a thaobh eaconamaidh an luchd-tadhail, agus a' cuideachadh le bhith a' dealbh is a' coileanadh ro-innleachdan turasachd ionadail.
- A' toirt fiosrachadh dhan ghniomhachas ann an deagh àm air margaidhean is luchd-tadhail.
- Ag obair còmhla ri luchd-compàirt sna roinnean poblach is prìobhaideach agus san treas roinn air a bhith a' dealbh ro-innleachdan is phoileasaidhean.

PRÒGRAM AIRSON ATHARRAICHEAN RO-INNLEACHDAIL



Tha bòrd a' phrògram a' stiùireadh ar prògram airson atharraichean ro-innleachdail agus tha iadsan cunntachail do ar Buidheann-stiùiridh is do ar Bòrd.

Chaidh sgiobaidhean pròiseict fa leth a chur air chois airson gach raon dhen ath-sgrùdadh, le eòlaichean cuspair bho air feadh na buidhne, a bheachdaicheas air agus a chruthaicheas na molaidhean againn airson ar ro-innleachdan.

Leis na h-ath-sgrùdaidhean ro-innleachdail bithear a' coimhead air na raointean a leanas:

- **Ro-innleachd nan Tachartasan** – a' coimhead air na dleastanasan aig Roinn-stiùiridh nan Tachartasan aig VisitScotland ann a bhith a' coileanadh Ro-innleachd ùr nan Tachartasan, Alba: Sàr Dhùthaich nan Tachartasan.
- **Ro-innleachd airson turasachd shàr-mhath is prògram comhairleachaidh is taice do ghnòthachasan turasachd** – nithear breithneachadh air na dòighean-obrach againn gus dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachas turasachd sàr-mhath againn agus thèid prògram comhairleachaidh is taice a stèidheachadh, far am bithear a' cur prìomhachas air teicneòlas didseatach, do ghnòthachasan gus dèanamh cinnteach gun toir sinn làn-bhuaidh air a' ghnìomhachas.
- **Ro-innleachd fiosrachaidh** – thèid coimhead air mar a ghabhas dòighean-obrach a chur an sàs far a bheilear a' cur prìomhachas air teicneòlas didseatach, gus an ruig sinn air barrachd dhaoine agus gus cuideachadh le bhith a' toirt leudachadh air agus a' cur luach ri eaconamaidh an luchd-tadhail.
- **Bun-structair teicnigeach** – nithear measadh air ar goireasan didseatach is TF agus thèid molaidhean a dhèanamh airson mar a ghabhas ionmhas a chur an seilbh mar thaic dhan dòigh-obrach, le prìomhachas air teicneòlas didseatach, airson luchd-tadhail agus a' ghnìomhachais.
- **Planadh Luchd-obrach** – nithear breithneachadh air prìomh dhleastanasan co-cheangailte ris an fhrèam ro-innleachdail agus thèid beachdachadh air a' bhuidheann a bhios aig sin air structairean is dreuchdan, mar eisimpleir dh'fhaodadh gum feumar daoine ath-thrèanadh no a ghluasad gu dreuchdan ùra.

Ged a thathar air ciad obair sgrùdaidh a dhèanamh ann an cuid de na raointean seo, leis a' phrògram seo 's urrainnear barrachd tuigse fhaighinn, mion-sgrùdadh a dhèanamh air buannachdan agus beachdachadh gu ceart air na molaidhean.

Fhad 's a bhios sinn ag obair air ar planaichean, bidh sinn a' conaltradh ri prìomh luchd-ùidhe agus ris a' ghnìomhachas gus molaidhean fhaighinn a thaobh ar n-amasan ro-innleachdail agus planaichean-coileanaidh sam bith a bhios ann airson atharraichean.

Mar bhunait dha seo uile tha ar gealladh gum bi sinn a' gabhail làn-ealla ri feumalachdan ar daoine, agus sinn ag èisteachd ri agus a' toirt fiosrachadh do ar luchd-obrach air feadh a' phròiseas.

Leis an obair seo, nì sinn cinnteach gun cuidich sinn chun na h-ìre as motha as urrainn dhuinn leis na cinn-uidhe san Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh agus prìomhachasan Scotland Outlook 2030.

Aig a' cheann thall, cuidichidh e sinn gus ìrean caiteachais, seasmhachd is riarachaidh a ruighinn, agus buaidh ar n-obrach a sgaoileadh chun na h-ìre, a bhios a' ciallachadh gun urrainn dhuinn ar prìomh adhbhar a choileanadh agus luach a chur ri eaconamaidh an luchd-tadhail.



